

28 agus 29/9/21

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnullach (sa Chathair); Marion Nic na Ceàrdaich; Donaidh MacAmhlaidh
Ceit Anna NicLeòid, Iain Stephen Moireasdan, Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette,
Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)

Rachel NicChoinnich [RMK] (Stiùiriche Ionmhais)

Nevil Lee [NL] (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)

Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)

Ealasaid Dhòmhnullach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)

Mairi Anna NicAonghais (a' sgriobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA) – airson puing 12
Mairead Chamshron – airson taisbeanadh Sgrion Alba

Chaidh fàilte a thoirt do Rachel NicChoinnich, Stiùiriche Ionmhais ùr na buidhne, chun chiad
choinneamh.

Mus do thòisich a' choinneimh bha cothrom aig buill cluinntinn bho Stiùiriche Sgrion aig Sgrìn Alba.

Thug e seachad taisbeanadh air obair Sgrìn Alba, a' gabhail a-steach raointean obrach co-roinnte
agus pròiseactan co-roinnte. Chaidh taing a' Bhùird a bhualeachadh air.

1. Leisgeulan

1.1 Rhoda NicDhòmhnaill.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- a) 15 agus 16/6/21 – aontaichte ach le aona atharrachadh fo phuing 4.3.
- 3.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do gheàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus do bhuill fainear a thoirt do na gnothaichean ag èirigh, dh'aontaich am Bòrd ris a' gheàrr-chunntas agus chomharraich am Bòrd na gnothaichean ag èirigh

4. Aithisg an Àrd-Oifigeir agus Sgioba Àrd-stiùiridh

- 4.1 Chaidh còmhraidhean a chumail air aithisgean ràitheil nan oifigearan.
- Aithisg an Àrd-Oifigeir*
- 4.2 Dh'innis DC gur iad na rudan cudromach san ùine air thoisearch: Maoineachadh, Reachdas, Rèite airson nam meadhanan Gàidhlig, Co-obrachadh bùird gu bùird le diofar bhuidhnean agus inbhe nam meadhanan Gàidhlig a thogail.
- 4.3 Chaidh meal-a-naidheachd a bhualeachadh air a' bhuidheann airson Inbhe Creideas nar Cosnaichean Platinum a ghleidheadh.
- 4.4 Bha buill mothachail air a' chuideam a bh' air cuid den luchd-obrach agus gum bu chòir a bhith gu h-àraidh mothachail sna mìosan air thoisearchd nach tigeadh seo gu ìre chunnartach.

Aithisg an Stiùiriche Ionmhais

- 4.5 A thaobh suidheachadh airgid SpeakGaelic, chaidh a dhaingneachadh gu bheileas a-nis taobh a-staigh am buidseal a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd sa Mhàirt 2021 ach gu feumar sùil a chumail a thaobh maoineachadh bhon BhBC a' dol air adhart.

Aithisg an Stiùiriche Susbaint loma-Ùrlair

- 4.6 Chaidh innse gur e cairteal dùbhlanach a bha seo gach bliadhna ri linn cion tachartasan beò agus gu h-àraidh am-bliadhna le farpaisean spòrs leithid na Euros agus na Geamannan Oilimpigeach air seanailean eile.
- 4.7 FilmG – chaidh innse gu bheil co-fharpais na bliadhna-sa a' gluasad air adhart agus gum bi farpais 2023/24 a' dol a-mach gu tairgse.
- 4.8 Chaidh meal-a-naidheachd a bhualeachadh air Mactv airson an duais a ghlèidh iad agus thèid litir a chuir thuca às leth a' bhùird.
- 4.9 Chaidh aontachadh "Discoverability" a chuir mar chuspair chunbalach air Aithisg nan Stiùirichean.

Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh

- 4.10 Chaidh iomradh a thoirt air a' coinneamh Faster Rate of Progress a bh' ann air 27/9/21. Chaidh innse gur e coinneamh shoirbheachail a bh' ann agus gu robh deagh rùn ann a bhith a' co-obrachadh. Bhathas ag iarraidh air MG ALBA a bhith a' treòrachadh ann an roinnean obrach Cleachdaidh, Ionnsachaidh agus Com-pàirteachas Didseatach.
- 4.11 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisgean Dèanadais na ràithe mu dheireadh agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur, dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear do lèirmheas an Àird-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùridh agus na h-aithisgean air ìrean coileantachd amasan agus bhuidseatan MG ALBA airson an ràithe suas gu 30 Ògmhios 2021 agus gu robh na prìomh phuingean leasachaидh air an comharrachadh agus fo phlana gnìomh.

5. Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean

- 5.1 Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh air beulaibh bhall.
- 5.2 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil còmhraidhean a' leantainn le UEFA a thaobh uallach craoladh mion-chànan.
- 5.3 Càrn – chaidh innse gu robh dùil gun tèid seo a chuir air bhog nas fhaide air adhart as t-Fhoghar.
- 5.4 Thèid cuireadh a thoirt don Mhanaidsear Ionnsachaidh (Sgioba Ionnsachaidh Air-loidhne) gu coinneamh bùird sa Mhàrt 2022.
- 5.5 Leis gu robh a' Chomataidh a-nis air a thigheinn gu crìoch, chaidh a' gheàrr-chunntas a mholadh le Iain Stephen Moireasdan agus a dhaingneachadh le Màiri Kidd.
- 5.6 **Co-dhùnadh:** Dh'aontaich am Bòrd ris a' gheàrr-chunntas agus thug iad aithne gu robh a' Chomataidh a-nis air a toirt gu crìch, le taing gu Cathraiche agus buill na Comataidh, agus gu oifigearan, airson an cuid obrach thar nam bliadhnaichean.

6. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 6.1 Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh air beulaibh bhall.
- 6.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingean a bha fo dheasbaid aig a' Chomataidh, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear don gheàrr-chunntas.

7. Clàr Riosgan

- 7.1 Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad coileanta a chumail.
- 7.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a thog a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a thogail mu phriomh riosgan na buidhne, dhearbh am Bòrd gu robh iad riaraichte gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-iomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh.

8. Na Pasgain ùra

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh air na priomh phuingean ùra a tha mar phàirt de chùmhnantan na Pasgain airson 2021-24 agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air aithisg na Pasgain ùra 2021-24 agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a thogail, dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear dhan aithisg a' toirt geàrr-iomradh air na priomh phuingean ùra a tha mar phàirt de chùmhnantan na Pasgain 2021-24.

9. Rèite ùr airson nam meadhanan Gàidhlig

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur fòcas a' Bhùird air an èiginn a th' ann a thaobh maoin sa gheàrr ùine, agus airson pròiseas maoineachaidh stèidhichte airson an fhad-ùine.
- 9.2 An dèidh do bhuill beachdachadh air suidheachadh maoineachaidh agus reachdail nam meadhanan Gàidhlig, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur, chomharraich am Bòrd gu robh e èiginneach fuasgladh a lorg airson maoineachadh nam meadhanan Gàidhlig sa gheàrr-ùine agus fuasgladh a lorg airson inbhe reachdail nam meadhanan Gàidhlig a chur air stèidh sheasmhach.
- 9.3 **Co-dhùnadh:** 1) thèid obair a thoirt air adhart airson buaidh a thoirt air Rùnairean na Stàite airson miann phoilitigeach reachdas nam meadhanan Gàidhlig a chothromachadh a nochdad sa Phàipear Ghil; 2) gun toir oifigearan air adhart obair gheàrr-ùine ach susbainteach air coltas reachdas ùr nam meadhanan Gàidhlig, air am biodh iomradh sa Phàipear Ghil, le taic bhon taobh a-muigh; 3) thèid freagairtean ullachadh mu choinneimh diofar cho-dhùnайдhean a dh'fhaodadh tighinn bho DCMS mu dheidhinn a' Chìs Craolaidh; 4) thèid na gnìomhan eile a bhathas a' moladh a thoirt air adhart, gu h-àraig foillseachadh an Lèirsinn agus tagradh gu Riaghaltas na h-Alba nuair a bhiodh cò-dhùnadh a' Chìs Craolaidh ann.
- 9.4 **Gníomh:** 1) thèid na puingean gu h-àrd a thoirt air adhart. **(DC)**

10. Bioball Ro-innleachd

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' cruthachadh bunait airson ro-innleachdan MG ALBA agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.2 **Co-dhùnadh:** bha barrachd obair a dhìth gus an ro-innleachd a dhèanamh soilleir, ann an co-theacsa an Lèirsinn agus am Plana Obrachaidh.
- 10.3 **Gníomh:** 1) thig tionndadh às ùr air beulaibh a' bhùird aig coinneamh na Samhna. ([EMD](#))

11. Rannsachadh nam Meadhanan

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall ag amas air cuid de na tobraichean fiosrachaidh as cudromache a chur fo dheasbad, gus ìre mothachaidh àrdachadh agus gus cuideachadh le bhith a' smaoineachadh mu fheumalachdan dàta na h-ama ri teachd agus chaidh deasbad a chumail.
- 11.2 Bha aithne ann bhon Bhòrd cho cudromach 's a bha a' ghnothach seo leis gu bheil uallach airson rannsachadh air a' bhuidheann.
- 11.3 Chaidh innse gum bithear a' coimhead ann am barrachd doimhneachd air 'iPlayer analytics' agus gu nochd seo sna pasgain fiosrachaidh bho seo a-mach.
- 11.4 Bhiodh e feumail coimhead air 'iPlayer Analytics' airson barrachd tuigse fhaighinn air na diofar slighean a bh' aig an luchd-coimhid gu ruige prògraman. Bha aithne ann gu robh òigridh a' cleachdad nam meadhanan sòisealta mar 'TV guide' is gu robh seo na adhbhar eile gum biodh 'swipe up' no LinkTree function air Instagram feumail gu faigh iad gu prògraman air iPlayer gu furasta.
- 11.5 Bha aithne ann gu faodadh barrachd tuigse air slighe an luchd-coimhid, a thigeadh am bàrr tro analytics agus algorithms an iPlayer, buaidh a thoirt air co-dhùnайдhean coimiseanaidh.
- 11.6 Thèid coimhead ri co-bhanntachdan rannsachaidh a stèidheachadh le oilthighean.
- 11.7 Thèid feuchainn ri barrachd ghoireas a chuir gu ruige anailis dàta taobh a-staigh na buidhne.
- 11.8 Bha aithne ann gu robh 'auto correct' a thaobh sgriobhadh sa Ghàidhlig air fònaichean làimhe na bhacadh airson daoine òga a thathas a' feuchainn ri brosnachadh.
- 11.9 Bha aithne ann gu robh sia a-mach à 10 de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig (a rèir TRP) eadar 16-44 nach robh a' dol an sàs le BBC ALBA gach seachdain agus cho deatamach 's a bha e dèanamh cinnteach gu robhas a' cur susbaint air na h-ùrlaran a bha iadsan a' frithealadh.
- 11.10 A thaobh maoineachadh/ghoireasan airson rannsachaidh, thèid coimhead ri dè na toraidhean a th' ann agus ma tha feum air an tuilleadh airgid feumar coimhead ri seo taobh a-staigh a' Phlana Obrachaidh.

- 11.11 **Co-dhùnadh**: thèid cumail a' dol ag obair le TRP agus BBC Audiences gus beàrnan rannsachaidh sam bith a lionadh.
- 11.12 **Gniomh**: 1) thèid fiosrachadh mu iPlayer analytics a chuir sna pasgan fiosrachaidh bho seo a-mach (**MAMI**); 2) thèid an tuilleadh chòmhraidhean a chumail le S4C agus TG4 air raointean obrach cho-roinnte gus ionnsachadh bho na dùblain; 3) thèid coinneamh a chuir air dòigh le oifigear agus ball a thaobh 11.4. (**IMT**)

12. Spòrs ann an saoghal didseatach

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall ag amas air eòlas a' Bhùird mu àite Spòrs anns na meadhanan a leudachadh gus a bheilear uidheamaichte mus fheum co-dhùnaidhean nam bliadhnaichean air thoiseach a ghabhail.
- 12.2 Chaidh deasbad fharsaing a chumail air àite spòrs ann an craoladh, àite spòrs air BBC ALBA, atharrachaidhean san àrainneachd spòrs, àite an luchd-coimhid òga, àite seanailean free to air, mìreanachadh agus exclusivity.
- 12.3 Nuair a thig e gu àm co-dhùnaidhean ionmhais a ruighinn, thig measadh roghainnean air beulaibh bhall.
- 12.4 **Co-dhùnadh**: An dèidh do bhuill beachdachadh air àite Spòrs air telebhisean coimearsalta (pay-to-view) agus saor an asgaidh (free-to-air) an-dràsta agus mar a bha gnothaichean ag atharrachadh gu luath; agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail air mar a tha an gnè Spòrs a' tarraing àireamhan luchd-coimhid; chomharraich am Bòrd an ròl aig Spòrs air BBC ALBA an-dràsta agus gum biodh roghainnean susbainteach ron t-seanail sa bhliadhna air thoiseach agus gum biodh molaidhean fo dheasbad ann an deagh àm mus biodh co-dhùnaidhean susbainteach mu chùmhnantan MG ALBA ri aontachadh.

13. A' Co-chruthachadh ar saoghal còmhla

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mun obair leasachaidh a tha an sgjoba air a bhith a' toirt air adhart, a' sireadh beachd agus comhairle nam ball air far a bheil na prìomhachasan a' tuiteam. Chaidh deasbad a chumail.
- 13.2 Chuir am Bòrd fàilte air an obair le aithne gu robh am buidheann na shàr eisimpleir de bhith a' coimhead ri feumalachdan agus maith an luchd-amhairc.
- 13.3 Bha aithne ann gu robh Covid dol a thoirt buaidh air tòrr den obair seo a thaobh ciamar a thèid na prionnsabalan seo a chuir an sàs airson luchd-obrach as dòcha a bhios ag obair bhon taigh bho seo a-mach.

- 13.4 Bha aithne ann gu robh cothroman agus dùblain an lùib obrachadh mheasgaichte (hybrid working) agus gu bheil an t-uabhas obair ri dhèanamh gus seo a dhèanamh gu soirbheachail gus àrainneachd a chruthachadh a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil gach neach air an gabhail a-steach agus nach eil faireachdann aonranachd ann.
- 13.5 Bha aithne ann gu bheil ro-innleachd teicneòlais mar phrìomhachas gus daoine a cheangal ri chèile agus thèid barrachd smaoineachadh air an roinn seo a neartachadh.
- 13.6 Chaidh dearbhadh gu bheil maoin peinnsein gach neach-obrach air an làimhseachadh leotha fhèin gu pearsanta agus nach eil smachd aig a' bhuidheann air an t-seilbheach aca. A dh'aindheoin sin faodar teachdaireachd a thoirt don luchd-obrach gus am brosnachadh a bhith a' tasgadh leithid an sgeama peinnsein ann an dòigh a bha math airson na h-àrainneachd.
- 13.7 Chaidh a chuimhneachadh gu robh airgead bho thobraichean leithid Bòrd na Gàidhlig airson cùisean Gàidhlig a leasachadh.
- 13.8 **Co-dhùnad**: An dèidh do bhuill beachdachadh air toraidhean an iomairt chomharraich am Bòrd gu leanadh an obair gus molaidhean susbainteach a thoirt ri chèile airson an ath choinneimh Bùird air an priomhachasan a bha am Bòrd ag aithneachadh.
- 13.9 **Gníomh**: thig pàipear air beulaibh buill aig coinneamh na Samhna le fiosrachadh air toirt gu buil agus buidseat. **(DC)**

14. Cùmhnantan airson aire a' bhùird

- 14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta a' Bhùird fo Riaghait Ionmhasail C.5.3, far a bheil e glèidhte don Bhòrd atharrachadh buidseat thairis air £30k neo 10% air prògraman le cosgais seachad air £100k san uair a chaidh aontachadh roimhe a cheadachadh.
- 14.2 An dèidh do bhuill ceistean a chur agus deasbad a chumail; dh'aontaich am Bòrd ùghdarrings a thoirt seachad fo Riaghait Ionmhasail C.5.3 gus na buidseatan atharrachadh airson nam prògraman a leanas: (a) Comadaidh leis an Comedy Unit – buidseat riochdachaидh àrdachadh [fios glèidh] ri linn Covid agus; (b) Bannan (S8) le Young Films – buidseat riochdachaидh àrdachadh [fios glèidh] ri linn Covid.

15. Goireasan agus poileasaidhean dhaonna

- 15.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh gu robh gnothaichean dhaonna MG ALBA air an làimhseachadh gu fosgailte agus gu h-iomchaidh, a' mìneachadh cuid de na rudan as cudromaiche a tha a' toirt buaidh air luchd-obrach.

- 15.2 Chaidh meal-a-naidheachd a bhualeachadh air an sgioba airson Teisteanas Creideas nar Cosnaichean Platinum a ghleidheadh.
- 15.3 Bha aithne ann a thaobh an fheum a bhith a' neartachadh na buidhne nam b' e agus gu robh seilbheachd ùr a' tighinn am bàrr.
- 15.4 Bha aithne ann gu robh sgioba Gniomhachais fo chuideam agus gu robh feum air barrachd meòrachadh a dhèanamh air cùisean.
- 15.5 Thèid beachdachadh air am biodh e feumail nam biodh earrann de mhaoin MG ALBA air a chuir gu taobh airson leasachadh chorporra sa Phlana Obrachaidh.
- 15.6 **Co-dhùnadh:** An dèidh do bhuill beachdachadh air suidheachadh obrach na buidhne agus air uallaichean an luchd-obrach; agus an dèidh do bhuill fainear a ghabhail air mar a ghlèidh MG ALBA teisteanas Creideas nar Cosnaichean (IIP) aig inbhe Platinum; agus an dèidh do bhuill ceistean a chur agus deasbad a chumail dhearbh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu na raointe-an-obrach far an robh am buidheann fo chuideam agus dhearbh iad gu robh iad fiosraichte mun chlàr-ama ris a robhas ag obair airson (i) cothromachadh far a bheil cus cuideam, (ii) leasachadh far a bheil sin a dhìth agus (iii) suidheachadh chinnteach post-Covid a ruighinn taobh a-staigh na bliadhna. Dhearbh am Bòrd, às dèidh comhairle a thoirt seachad agus dearbhadh fhaighinn, gu robh iad riaraichte le mar a bhathas a' làimhseachadh għnothaichean dhaonna.
- 15.7 **Gniomh:** thig pàipear air beulaibh a' Bhùird aig an ath choinneamh. **(DC)**

16. Conaltradh luchd-ùidhe

- 16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh tachartasan aithnichte agus prìomh chinn-latha, prìomhachasan conaltraidh airson na h-ath sia mìosan, fiosrachadh mu fhoillseachadh a' Mheasaidh Buaidh Eaconamach agus an Lèirsinn agus ùrachadh air atharrachaidhean mòra ann an ath-rèiteachadh Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte.
- 16.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill a dhol an sàs anns a' mhiosachan thachartasan; agus an dèidh do bhuill beachdachadh air na prìomh ùrachaidhean conaltraidh; agus an dèidh do bhuill beachdachadh air na planaichean foillseachaidh airson am Measadh Buaidh Eaconamach agus an Lèirsinn agus an dèidh do bhuill beachdachadh air buaidh atharrachaidhean air Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte às dèidh an ath-rèiteachadh, cho-dhùin am Bord gabhail ris a' phlana.

17. GISBE

- 17.1 Thèid formaicheadh measaidh 2021 a chuaireachadh air buill s/t 4/10/21. **(MAMI)**

18. Deit na h-ath choinneimh – 23 agus 24/11/21, Glaschu

Ainm sgrìobhте a' chathraiche:

Deit: